

# BÒRD NA GÀIDHLIG

## Gheàrr Chunntas bho Coinneamh a' Bhùird Stiùiridh

Diciadain 12/09/2018 12.30 – 17.00

Lighthouse, 11 Mitchell Lane, Glaschu.

### Na Buill a bha an làthair:

Ailean Dòmhnallach (Cathraiche) (AD)  
Ailean Caimbeul (AC)  
Domhnall MacLeòid (DML)  
Domhnall MacSuain (DMS)  
Fiona Dunn (FD)  
Jennifer Gilmour (JG)  
Johan Nic a' Ghobhainn (JNG)  
Joy Dunlop (JD)  
Màiri T NicAonghais (MTNA)  
Mairi Anna NicUalraig (MANU)  
Seumas Whannel (SW)

### A' Frithealadh:

Shona NicIlinnein, Ceannard (*Puingean 1 - 3.1*) (SNI)  
Daibhidh Boag (*Puingean 1 - 2*) (DB)  
Alasdair MacFhionghuin (*Puingean 1 - 3.1*) (AMF)  
**Luchd-aithris:**  
Seumas Corrigan, Deloitte (*Puing 2.2*) (SC)  
Seumas Rothach, Neach-comhairleachaidh (SR)  
Ionmhasail Neo-eisimeileach (*Puing 2.2*)  
Andrea Sillars, HIAL (*Puingean 3.1 & 3.2*) (AS)  
**Neach-amhairc:**  
Dùghlas Ansdell, Riaghaltas na h-Alba (*a h-uile puing*) (DA)

## 1. CÙISEAN TÒISEACHAIDH & GEÀRR-CHUNNTAS

### 1.1. Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air na Buill agus na daoine eile a bha an làthair aig a' choinneamh. Cha robh leisgeulan ann.

### 1.2. A' nochdadh chom-pàirtean

Cha robh gin a chom-pàirtean rin clàradh.

### 1.3. Geàrr-chunntas agus Clàr Ghnìomhan

Thug an Ceannard fiosrachadh seachad mun chlàr gnìomhan. Ann an deasbad mu na Planaichean Gàidhlig, chaidh bruidhinn air na dùbhlain a bh' ann do Phannal nam Planaichean nuair a thigeadh fios bho buill nach b' urrainn dhaibh a bhith an làthair aig coinneamh a' Phannail ro fhaisg air àm na coinneamh sin.

Thug am Bòrd stiùiridh fa-near don chlàr gnìomhan bho choinneamh a' Bhùird a chaidh a chumail air 5 is 6 Ògmhios 2018, agus dh'aontaich iad ris na gnìomhan a leanas:

#### Gnìomhan:

- Thèid lethbhreac den Phlana Chorpóra is den Phlana Ghnìomh a chur chun a h-uile Ball Bùird.
- Bheir an Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd aithisg don Cathraiche air làthaireachd aig coinneamhan Pannal nam Planaichean.
- Thèid ballrachd Pannal nam Planaichean a leudachadh gu còignear bhall.
- Thèid fiosrachadh mu na Planaichean air am bi Pannal nam Planaichean a' beachdachadh a sgaoileadh chun a h-uile Ball Bùird ro choinneamhan a' Phannail feuch am bi cothrom aca beachdan a thoirt seachad air na Planaichean sin ma tha iad airson.

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ri geàrr-chunntas coinneamh a' Bhùird a chaidh a chumail air 5 is 6 Ògmhios 2018.

**1.4. Co-dhùnadh gus Beachdachadh air Cùisean gu Prìobhaideach**

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh beachdachadh air puing 3.2 air a' chlàr-ghnothaich gu prìobhaideach.

**2. AITHISG BHLIADHNAIL 2017/18**

**2.1. Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan don Bhòrd Stiùiridh (Pàipear 1)**

Chuir JNG, Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan, a h-aithisg air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh. Tharraing i aire nam Ball gu obair na Comataidh thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh, agus bhruidhinn i air na beachdan taiceil a fhuaras bhon luchd-sgrùdaidh nuair a choinnich a' Chomataidh riutha aig coinneamh phrìobhaideach san Lùnastal.

Thug am Bòrd Stiùiridh fa-near do Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan don Bhòrd Stiùiridh.

**2.2. Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan 2017/18 (Pàipear 2)**

Thug SNI pàipear seachad le fiosrachadh air an Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan airson 2017/18.

Chuir an Cathraiche fàilte air Seumas Corrigan bhon luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh, Deloitte, agus air Seumas Rothach, a bhios a' toirt taic ionmhasail neo-eisimeileach do Bhòrd na Gàidhlig. Fhregair SNI agus SR ceistean a bh' aig na Buill mun easbhaidh ann am maoin nam peinnseanan agus ìrean neo-làthaireachd airson luchd-obrach a bha dheth tinn.

Chuir Seumas Corrigan Aithisg an Neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh air beulaibh nam Ball agus thug e seachad sealladh farsaing air an sgrùdadh agus na gnìomhan a chaidh aontachadh mar thoradh air an sgrùdadh. Dhearbh e, nuair a bhite a' planadh airson sgrùdadh na h-ath-bhliadhna agus nuair a bhiodh e freagarrach, gun deigheadh bruidhinn air obair a ghabhadh cur an sàs gus togail air molaidhean sgrùdadh na bliadhna sa. Dhearbh e gun deigheadh na cunntasan a shoidhnigeadh gu h-oifigeil air ceann-latha a tha ri aontachadh fhathast leis an Oifigear Chunntachail. Dh'aontaich na Buill gur e aithisg bhrosnachail a bh' innte, agus thug an Cathraiche taing do Deloitte airson na h-obrach aca.

Thuir an Cathraiche gun robh an Aithisg Bhliadhnail a' dèanamh follaiseach an obair mhath a bha Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh agus thug e taing don luchd-obrach air fad airson na h-obrach cruaidh a rinn iad air feadh na bliadhna.

Thug am Bòrd Stiùiridh fa-near do dh'aithisg bhliadhnail an neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh air an sgrùdadh airson 2017/18;

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ris an Litir Dhearbhaidh.

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ris an Aithisg Bhliadhnail is na Cunntasan airson 2017/18.

### **3. CÙISEAN LUCHD-OBACH**

#### **3.1. Aithisg air an Sgrùdadh air Beachdan an Luchd-obrach (Pàipear 3)**

Chuir SNI sgrùdadh an luchd-obrach air beulaibh a' Bhùird agus thug i iomradh air cuid de na prìomh theachdaireachdan a thàinig bhon sgrùdadh agus bhruidhinn i air a' phrògram-obrach leantainneach a tha ga chur an sàs taobh a-staigh Bhòrd na Gàidhlig mar thaic do leasachadh na buidhne.

Thug am Bòrd stiùiridh fa-near don aithisg.

*Chaidh beachdachadh air na puing a leanas ann an seisean prìobhaideach.*

#### **3.2. Taisbeanadh bho Andrea Sillars**

Thug Andrea Sillars fios seachad air an sgrùdadh neo-eisimeileach a rinn i air cùisean luchd-obrach às dèidh do chothrom a bhith aig luchd-obrach beachdan a thoirt seachad. Bhruidhinn na Buill mun aithisg aice.

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh cumail orra leis an t-seisean prìobhaideach aig 09:00 an ath mhadainn agus gun deigheadh na puingean eile air a' chlàr-ghnothaich airson Diardaoin a chur air ais gu às dèidh 10:00.

Thug an Cathraiche taing don a h-uile duine airson a bhith an làthair agus thàinig a' choinneamh gu crìch aig 17:30.

# BÒRD NA GÀIDHLIG

## Gheàrr Chunntas bho Coinneamh a' Bhùird Stiùiridh

Diardaoin 13/09/2018 09.30-12.30

Lighthouse, 11 Mitchell Lane, Glaschu.

### Na Buill a bha an làthair:

Ailean Dòmhnallach (Cathraiche)	(AD)
Ailean Caimbeul	(AC)
Domhnall MacLeòid	(DML)
Domhnall MacSuain	(DMS)
Jennifer Gilmour	(JG)
Johan Nic a' Ghobhainn	(JNG)
Joy Dunlop	(JD)
Màiri T NicAonghais	(MTNA)
Mairi Anna NicUalraig	(MANU)
Seumas Whannel	(SW)

### A' Frithealadh:

Shona NicIlinnein, Ceannard ( <i>Puingean 7.1, 7.2 &amp; 8</i> )	(SNI)
Daibhidh Boag ( <i>Puingean 7.1, 7.2 &amp; 8</i> )	(DB)
Alasdair MacFhionghuin ( <i>Puingean 7.1, 7.2 &amp; 8</i> )	(AMF)
<b>Luchd-aithris:</b>	
Bernard Siosalach ( <i>Puing 7.2</i> )	(BS)
<b>Neach-amhairc:</b>	
Dùghlas Ansdell, Riaghaltas na h-Alba ( <i>Puing 7.2</i> )	(DA)

## 4. CÙISEAN TÒISEACHAIDH & GEÀRR-CHUNNTAS

### 4.1 Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air na Buill agus na daoine eile a bha an làthair aig a' choinneimh. Bha leisgeul ann bho Fiona Dunn.

### 4.2. A' nochdadh chom-pàirtean

Chlàr Ailean Caimbeul com-pàirt ann am Pàipear 10  
Chlàr Domhnall MacLeòid com-pàirt ann am Pàipear 5

## 3.2 CÙISEAN SGIOBACHD (A' leantainn)

Lean na Buill orra leis a' chòmhradh a thòisich iad feasgar an-dè mun sgrùdadh a chaidh a chumail o chionn ghoirid air beachdan luchd-obrach agus mun aithisg neo-eisimeileach a dh'ullaich Andrea Sillars. Dh'aontaich na Buill gum feumte taic nas fheàrr a chur air dòigh gun dàil don luchd-stiùiridh is luchd-obrach, agus dh'aontaich iad ri grunn ghnìomhan a dheigheadh a chur an cèill ann an litir bhon Cathraiche don luchd-obrach air fad a dheigheadh a sgaoileadh am feasgar sin fhèin.

### Òrdugh a' Chlàir-ghnothaich

Dh'aontaich na Buill gun deigheadh bruidhinn air na puingeon fon cheann seo aig coinneamh shònraichte den Bhòrd a dheigheadh a chumail nas fhaide air a' mhìos:

- LEASACHADH NA GÀIDHLIG: Planaichean Gàidhlig (Pàipear 6)
- CÙISEAN CORPORA: Rianachd Chunnartan (Pàipear 7) & Cyber Resilience (Pàipear 8)
- FIOSRACHADH AS ÙR BHO NA COMATAIDHEAN IS BUIDHNEAN-OBACH

Dh'atharraich an Cathraiche òrdugh a' chlàir-ghnothaich aig an àm seo is tha an còrr den gheàrr-chunntas seo a' clàradh an òrduigh san deach dèiligeadh ris na puingeon.

Dh'fhàg Dòmhnall MacLeòid a' choinneamh.

## 7 LEASACHADH NA GÀIDHLIG

### 7.2 Cairt Ghàidhlig do na h-Eileanan an Iar (Pàipear 5)

Chuir an Cathraiche fàilte air Bernard Siosalach, Stiùiriche an Fhoghlaim is Sheirbheisean Cloinne aig Comhairle nan Eilean Siar, chun na coinneimh. Rinn Mgr Siosalach taisbeanadh air na h-amasan a bh' aige airson com-pàirteachas ro-innleachdail eadar a' Chomhairle, Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba gus Cairt Coimhearsnachd a chur air dòigh leis an amas gum biodh Gàidhlig na prìomh chànan conaltraidh ann an coimhearsnachdan is sgoiltean nan Eilean Siar.

Chuir an Cathraiche agus na Buill fàilte air an dòigh-obrach ùir is inntinnich seo gus barrachd cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan agus barrachd chothroman a chruthachadh gus an cànan a chleachdadh, agus dh'fhaodadh e a bhith na eisimpleir chudromach a ghabhadh cleachdadh ann an àiteachan eile ann an Alba.

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh gun obraicheadh oifigearan Bhòrd na Gàidhlig còmhla ri Mgr Siosalach agus a cho-obraichean aig a' Chomhairle gus brathan-naidheachd ullachadh airson an ama nuair a bhiodh a' Chomhairle a' beachdachadh air a' Chairt.

*Thill Dòmhnall MacLeòid chun na coinneimh.*

#### 7.1. Adhartas nas Luaithe (Pàipear 4)

Thug SNI pàipear do na Buill le fiosrachadh as ùr air a' cho-labhairt, Adhartas nas Luaithe, a chaidh a chumail o chionn ghoirid ann am Peairt far an robh an Leas Phrìomh Mhinistear an làthair. Bhruidhinn an Cathraiche air mar a choisinn Bòrd na Gàidhlig cliù is inbhe chudromach ri linn an tachartais, agus air mar a chaidh ro-innleachd a chruthachadh aig a' cho-labhairt a chuidicheas le bhith a' stiùireadh na h-obrach a nì na prìomh bhuidhnean Gàidhlig a gheibh maoinachadh bhuainn.

Thog na Buill draghan mu na h-uallaichean obrach a bharrachd a thigeadh air luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig, agus mu na dùbhlain is duilgheadasan ris am feumadh iad dèiligeadh ri linn nan uallaichean obrach a bharrachd sin. Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ris a' ghnìomh seo:

#### Gnìomh:

- Ullaichidh an Ceannard is an Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd aithisg, gun nas motha na dà dhuilleag innte, don Bhòrd Stiùiridh air mar as urrainn do Bhòrd na Gàidhlig an ro-innleachd airson Adhartas nas Luaithe a thoirt air adhart, agus mun bhuaidh agus na dùbhlain a bhiodh ann a thaobh luchd-obrach is ionmhas Bhòrd na Gàidhlig.

## 8. CONALTRADH (Pàipear 10)

*Dh'fhàg Ailean Caimbeul a' choinneamh.*

#### Tachartasan

Thug SNI pàipear seachad a dh'ullaich am Manaidsear Conaltraidh is Thachartasan le fiosrachadh do na Buill air tachartasan cudromach a bha gu bhith ann thairis air na beagan mhiosan ri thighinn, far am bi riochdairean bho Bhòrd na Gàidhlig an làthair, no a gheibh taic bhuainn. Cuideachd, dh'innis i do na Buill gun robhar a' cumail chòmhradhean le Pàrlamaid na h-Alba mu bhith a' cumail taisbeanadh an sin sa Mhàrt 2019.

Thog na Buill draghan nach robh iomradh air Bòrd na Gàidhlig aig a' chuirm-fhosglaidh oifigeil airson na Sgoile Gàidhlig ùir ann am Port Rìgh.

*Thill Ailean Caimbeul chun na coinneimh.*

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ris na gnìomhan seo:

**Gnìomh:**

- Nì am Manaidsear Conaltraidh is Thachartasan conaltradh ris na Buill mu bhith a' dol gu tachartasan a tha a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig gus BnG a riochdachadh.
- Thèid *Duais Dhòmhnail Meek* a chur ris an liosta de thachartasan a dh'ullaich am Manaidsear Conaltraidh is Thachartasan.

**9. GISBE**

Cha robh an còrr ghnòthaichean ann, agus mar sin thug an Cathraiche taing don a h-uile duine airson a bhith an làthair agus thàinig a' choinneamh gu crìch aig 12:45.

# BÒRD NA GÀIDHLIG

## Geàrr-chunntas bho Choinneamh a' Bhùird Stiùiridh

Diluain 24/09/2018 12.00 – 14.00

(a' leantainn bhon choinneimh 12&13/9/2018)

Air a' fòn no aig Taigh Nis, Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis

### Na Buill a bha an làthair (air a' fòn)

Ailean Dòmhnallach (Cathraiche) (AD)  
Ailean Caimbeul (AC)  
Fiona Dunn (FD)  
Joy Dunlop (JD)  
Johan Nic a' Ghobhainn (JNG)  
Màiri T NicAonghais (MNA)  
Seumas Whannel (SW)

### A' Frithealadh:

Shona NicIllinnein, Ceannard (SNI)  
Daibhidh Boag (DB)  
Alasdair MacFhionghuin (AMF)  
Carol Niclain, clàradh (CNI)

## 1. CÙISEAN TÒISEACHAIDH

### 1.1 Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air na Buill agus na daoine eile a bha an làthair aig a' choinneimh. Bha leisgeul ann bho Mhàiri Anna NicUalraig, Dòmhnall MacLeòid agus Dòmhnall MacSuain.

### 1.2. A' nochdadh chom-pàirtean

Chlàr AC com-pàirt ann am Puing 2, Pàipear 6, PT3  
Chlàr FD is JD com-pàirt ann am Puing 2, Pàipear 6 PT2

### 1.3 GISBE

Ballrachd na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan

## 2. LEASACHADH NA GÀIDHLIG

### 2.1 Planaichean Gàidhlig

(Dh' fhàg FD & JD a' choinneamh airson PT2, is dh' fhàg AC

airson PT3)

#### (Pàipear 6)

Dh'aontaich na Buill ris na planaichean Gàidhlig mar a leanas:

- PT1. Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba
- PT2. Oilthigh Ghlaschu
- PT3. Comhairle Baile Ghlaschu
- PT4. Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba
- PT5. Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
- PT6. Eaglais na h-Alba

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ris an ro-innleachd is ris na gnìomhan a leanas:

#### Gnìomh:

- Bruidhinnidh Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd ris an Oifigeir Ghàidhlig aig Comhairle Baile Ghlaschu, airson beachd a thogail air cothroman ùra gus leasachadh a dhèanamh tro Glasgow Life feuch an toireadh iad fa-near don Phlana Ghàidhlig aig Comhairle Baile Ghlaschu, is an stiùir aige a leantainn.

### **3. RIAGHLADH CORPORRA**

#### **3.1 Rianachd Chunnartan (Pàipear 7)**

##### **PT1 – Ro-innleachd Chunnartan**

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ris an ro-innleachd is ris a' ghnìomh a leanas:

##### **Gnìomh:**

- Cuiridh Ceann nan Seirbheisean Corporra duilleag air dòigh mar ghiorrachadh air an ro-innleachd chunnartan.

##### **PT2 – Clàr-chunnartan Ro-innleachdail**

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ris a' chlàr (ach le fios mu sgòradh aig bonn na duilleige) is ris a' ghnìomh a leanas:

##### **Gnìomh:**

- Bu chòir don Cheannard fios iarraidh bho Oilthigh Dhùn Èideann air a' bhuaidh a thig à Brexit air an obair aig Bòrd na Gàidhlig, agus conaltradh a thòiseachadh le Riaghaltas na h-Alba air a' chuspair seo gus an gabh deisealachadh a dhèanamh ma tha atharrachadh sam bith a' dol a thighinn a bheir buaidh air buidhnean poblach.

##### **PT3 – Clàr-chunnartan Obrach**

Chaidh molaidhean airson ùrachadh a chlàradh, is dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ris a' chlàr.

#### **3.2 Tèarainteachd Dhidseatach**

PT1 Stiùireadh do Bhuidhnean Poblach

##### **Gnìomh:**

- Chaidh aontachadh gun deigheadh còmhradh a chumail eadar an Cathraiche, Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan, is Ceann nan Seirbheisean Corporra mu bhith a' fàgail uallach air a' Chomataidh sin airson Tèarainteachd Dhidseatach. Thèid uair airson sin a dhèanamh a dhearbhadh tro phost-dealain.

### **4. IONMHAS**

#### **Aithisg Ionmhais gu 31/07/2018**

Ghabh na Buill ris an fhiosrachadh anns an aithisg, is an dreachd ùr. Tha an Cathraiche airson gum biodh modhan-tomhais air am fighe a-steach dha na h-aithisgean ionmhais. Chaidh a thoirt fa-near gu bheil Niall Greumach air seisean fiosrachaidh a chur air dòigh le cuid a Mhanaidsearan airson coimhead ri measaidhean air iarrtasan taice.

### **5. GISBE**

Tha Dòmhnall MacLeòid a' tighinn far na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan leis gu bheil e a-nis na Bhall air Comataidh Cor na Buidhne. Tha an Cathraiche air iarraidh air Buill a tha airson ùidh a nochdadh ann a bhith nam Ball den Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan fios a chur thuige fhèin agus gu Cathraiche na Comataidh JNG air post-dealain, is cuairtichidh iadsan fios nuair a thèid neach a thaghadh.

##### **Gnìomhan:**

- Comhairle nan Eilean Siar – Iarraidh an Ceannard air Bernard Chisholm fiosrachadh ullachadh airson na h-ath choinneimh san Dùbhlachd air na diofair chothroman airson leasachadh na Gàidhlig san sgìre.
- Chaidh innse gu bheil Brian O hEadhra ag obair air sreath de bhùithtean-obrach a chumail sna h-Eileanan Siar a dh'aithghearr, mu dheidhinn a bhith a' cur phròiseactan ri

chèile is iarrtasan taice. Thig fios a-mach air a' phrògram aige is tha fàilte air na Buill bruidhinn ris mu na tachartasan ionadail.

Thug an Cathraiche taing dha na bha an làthair is chaidh a' choinneamh a dhùnadh aig 14.00.